

Comataidh Lèirsinn

12/9/23 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair) Rhoda NicDhòmhnaill
Màiri Kidd Iain Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)
Ruth Mhoireach [RM] (Curaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd)

An làthair: Calum MacLeòid (Ball) – puing 5
Will Lamb (Oilthigh Dhùn Èideann); Dòmhnall Dòmhnallach (Sealgar); Scott Smyth
(MG ALBA); Uisdean MacLeòid (MG ALBA) – puing 5

Chaidh meal-a-naidheachd a chur air Lisa Annette, 's i air obair a ghlèidheadh le MG ALBA. Bidh a ballrachd air a dheasbad fo phuing 5.

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (22/5/23)

3.1 Aontaichte

4. Dleastanas na Comataidh

4.1 Aig a' chiad choinneimh den Chomataidh air 22/5/23, chaidh moladh an dleastanas airson Net Zero a chumail aig ìre a' Bhùird agus bha molaidhean ann airson Clàr-obrach na Comataidh.

4.2 Chaidh tionndaidhean ùra an cuairteachadh air buill na Comataidh air 2/6/23 agus bha iad air ur beulaibh bhall airson aonta foirmeil.

- 4.3 A' leantainn nan atharrachaidhean sin bha Sgeama Tiomnachaidh agus Gnàth-riaghailtean air an ùrachadh.
- 4.4 **Co-dhùnadh:** aontaichte.
- 4.5 **Gnìomh:** 1) thèid ùrachadh dleastanas na Comataidh agus na sgrìobhainnean gu h-àrd fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne. (MAMI)

5. Teicneòlas agus na Meadhanan

- 5.1 Le seo a' chiad seisean de "Horizon Scan" aig a' Chomataidh, chaidh pìosan sgrìobhaidh fhaighinn bhon fheadhainn a bha an làthair leis a' chuspair "*Which digital media / technology advances have the potential to provide breakthrough practical benefits to the revitalisation of Gaelic in the next 10 years? And what could Gaelic media providers do now to help make that happen?*"
- 5.2 Bha na sgrìobhadairan an làthair agus chaidh deasbad a chumail agus b' iad seo na prìomh phuingean deasbaid:
- 5.3 Chaidh a ràdh gu robh e air leth cudromach dàta a bhith air fhisge a-staigh don a h-uile pròiseact bhon fhìor thoiseachd gus anailis a dhèanamh comasach.
- 5.4 Chan urrainn do theicneòlas leis fhèin Gàidhlig ath-bheothachadh.
- 5.5 Am b' urrainn do theicneòlas cuideachadh le gainnead maoinachaidh, le fios nach bi Gàidhlig a chaoidh coimearsalta?
- 5.6 Chaidh a ràdh gum biodh e gu buannachd a bhith ag obair le dùthchannan eile gu h-eadar-nàiseanta. Bhiodh e gu buannachd nan tigeadh buidhnean de mhion-chànain còmhla gus an tuilleadh maoinachadh fhaighinn a bhiodh gu feum sna roinnean a tha seo. Bha beachd ann gu faodadh leithid Fèis nam Meadhanan Ceilteach cuideachadh an seo nan deidheadh fòram a chruthachadh gus daoine a thoirt còmhla.
- 5.7 Bho thaobh riaghalachas, am bu chòir dhuinn a bhith a' brosnachadh còmhraidh mu bheusalachd (*ethics*), co-ionannachd agus cuotas (*quotas*) airson teicneòlas agus AI Gàidhlig.
- 5.8 Chaidh a ràdh gu bheil a' Chairt Eòrpach airson Mion-chànain fada a-mach à deit agus bu chòir coimhead ri atharrachadh, a' cleachdadh cuotas mar inneal airson atharrachadh.
- 5.9 Chaidh aontachadh gu bheil e duilich a ràdh dè am buaidh a bhios aig teicneòlas air Gàidhlig.
- 5.10 Tha e math gu bheil pròiseact rannsachaidh a thaobh aithneachadh cainnte ann. 'S dòcha gu bheil dàta *textural* ann an tasglann MG a dh'fhaodadh a bhith gu feum.
- 5.11 Bhiodh e math nan deidhear an sàs ann an còmhraidhean le prìomh chompanaidhean leithid Duolingo, OpenAI, Google agus Apple gus co-bhanntachdan a stèidheachadh airson taic a thoirt don Ghàidhlig.

- 5.12 Feumar cumail ann an cuimhne dè am prìomh fheum a tha san teicneòlas seo agus ciamar a tha e dol a chuideachadh le adhartas na Ghàidhlig.
- 5.13 Cò iad na daoine/buidhnean leis a bheil MG ALBA ag obair a bhiodh gu feum san àrainneachd seo?
- 5.14 Chaidh a nochdadh gu bheil na companaidhean mòra tech nan *gate keepers* airson tòrr den seo. Agus feumar am maoineachadh iomchaidh fhaighinn an àite bho Riaghaltas na h-Alba ach aig an aon àm feumar a bhith soilleir dè thathas airson a choileanadh agus an uair sin bidh e soilleir.
- 5.15 Chaidh innse gum biodh e feumail fòcas a dhèanamh air na còig bliadhna air thoiseachd, agus an uair sin na deich bliadhna an dèidh sin.
- 5.16 Bha a soilleir, leis gu bheil an raon obrach seo cho farsaing, gu feumar a bhith air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc agus soilleir a thaobh fàs a' chànain.
- 5.17 Chaidh faighneachd am bheil modh-obrach ro-innleachdail feumail an toiseachd no a bheil a' cumail a' dol ag obair air pròiseactan eadar-dhealaichte nas èifeachdaich. Bha beachd ann gu robh e comasach na dhà a dhèanamh aig an aon àm ach gu robh e cudromach gu robh sgrìobhainn ro-innleachdail ann.
- 5.18 Le dleastanas aig MG ALBA airson trèanadh, chaidh a' cheist a chur am bu chòir do MG barrachd cuideam a chur air preantasachdan teicneòlais, a' cur cànan agus tech còmhla. Thèid beachdachadh air a' cheist seo a thuilleadh air coimhead am biodh maoineachadh ri fhaighinn bho leithid Bòrd na Gàidhlig no Riaghaltas na h-Alba.
- 5.19 Chaidh a nochdadh gum bi an Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach ùr feumail sna còmhraidhean seo.
- 5.20 Chaidh taing a bhuileachadh orrasan a bha an làthair.
- 5.21 **Gnìomh:** 1) thèid còmhraidhean a chuir an sàs agus 2) thèid cuireadh a thoirt don Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach gu coinneamh san àm ri teachd. [\(MAMI\)](#)

6. Na meadhanan Gàidhlig san àm ri teachd

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air Bile nam Meadhanan, Co-Bhanntachd BBC ALBA, molaidhean Riaghaltas na RA, agus na roghainnean a tha aig MG ALBA a thaobh ciamar a thathas a' faighinn air adhart leis an amas againn fuasgladh structarail fhaighinn airson craoladh Gàidhlig san àm ri teachd.
- 6.2 Chaidh faighneachd an robh làthaireachd gu bhith ann aig Co-labhairtean Pàrtaidhean Poilitigeach. Chaidh a ràdh nach robh dùil gum biodh làthaireachd oifigeil ann.

- 6.3 Bha aithne ann gur ann ri BBC Lunnainn, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA a dh'fheumas còmhraidhean a chumail.
- 6.4 Sa phàipear bha iomradh air gu robhas a' moladh gum bu chòir do MG ALBA aithris a dhèanamh as t-fhoghar air cò ris a bu chòir seirbheis Ghàidhlig làn-mhaoinichte a bhith coltach. Bu chòir seo a dhol an cois larrtas airson In-ionmhas (Business Case) a thèid a chur gu Riaghaltas na h-Alba.
- 6.5 Tha còmhraidhean air tòiseachadh le buidhnean gus an obair seo a ghabhail os làimh ach bidh seo air clàr-chùisean a' Bhùird san Dàmhair oir feumaidh am Bòrd breithneachadh air aon uair 's gu bheil an tuairisgeul obrach air a dhealbhadh.
- 6.6 Thèid beachdachadh air am faighear air a dhol an sàs an seo le com-pàirteachan eile gu faighinn a-steach air tobraichean airgid eile.
- 6.7 **Gnìomh:** thèid fiosrachadh chun Bhùird mun seo. (DC)

7. Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd

- 7.1 Chaidh fàilte a chur air RM chun choinneimh.
- 7.2 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mun obair a tha a' tòiseachadh air cuspairean co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd.
- 7.3 Mar thaic, chaidh innse gu bheil Alba Chruthachail air Aithrisean (Statements) air a' chuspair seo fhoillseachadh, le Gàidhlig ann mar eileamaid.
- 7.4 Chaidh còmhradh a chumail mun roinn solarachaidh MG ALBA agus ciamar a dheidhear an sàs an sin. Thuirt MC gun toireadh i seachad taic dha RM san raoin seo den obair.
- 7.5 Thuirt MS agus MK gum biodh iad ro-thoilichte suidhe còmhla ri RM gus taic sam bith a thoirt dhith san obair seo.
- 7.6 Bha aithne ann gu robh tòrr den fhiosrachadh airson seo a-muigh an sin co-dhiù ach gum biodh taobh eile air bho thaobh na Gàidhlig.
- 7.7 Bha faireachdainn ann gum biodh e math, aig a' cheann thall, a thuilleadh air poileasaidh stèidhichte nam biodh stuthan foillsichte ann an dòigh inntinneach ann san raoin seo
- 7.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche gu robhas air slighe leis a' chuspair seo.
- 7.9 **Gnìomh:** 1) thèid seisean EDI a chuir air dòigh uair sa bhliadhna airson a' Bhùird, a' tòiseachadh ann an 2024 agus thèid am fiosrachadh a chur ann an Aithisg Bhliadhnail 2023/24 MG ALBA. (MAMI)

8. Planadh Leantainneachd - buill

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' measadh feumalachdan a' Bhùird bho shealladh Meatraigs Sgilean nam Ball, ag iarraidh air buill co-dhùnaidhean a ruighinn a thaobh nan sgilean agus an t-eòlas a bharrachd a bu chòir fhaicinn an lùib a' bhallrachd.

8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

8.3 **Gnìomh:** thèid a' bheàrn air a' Bhòrd a lìonadh agus thèid còmhraidhean a thòiseachadh le Ofcom a thaobh pròiseas fastaidh, le moladh a' dol thuca gu bheileas a' smaoinneachadh gum biodh sgilean a thaobh an Roinn Riochdachaidh Neo-eisimeileach; IT/Teicneòlas Craolaidh agus Roinn Sgrion Nàiseanta/Eadar-nàiseanta.

9. Planadh Leantainneachd - oifigearan

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an obair a bha a' gabhail àite taobh a-staigh na buidhne gu ruige cultar "empowerment" agus cuideachadh a' cur a' cheist a thaobh an fheum sealltainn air dreuchdan ceannardais Stiùiriche Susbaint agus an t-Àrd-Oifigear agus an robh feum air plana leantainneach foirmeil airson nan dreuchdan as àirde air neo an ann gu sùbailte a b' fheàrr a thèid sin a làimhseachadh.

9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte gun tèid seo a làimhseachadh aig coinneamh ro-innleachd a' Bhùird nas fhaide air adhart as t-fhoghair.

9.3 **Gnìomh:** thig pàipear chun Bhùird le roghainnean. (DC)

10. GISBE

10.1 Chaidh innse gun deachar a-mach gu tagradh airson seirbheisean HR.

11. Deit na h-ath choinneimh – 7/11/23

Ainm sgrìobhte a' chatraiche:

Deit: